



6.B.

H. M. 239.

Vol. 4. Jubo. Ser. 357.











# Chi sinn thall thu.

LE

I. B. STIÙBHARD.



DUNDEE :

MALCOLM C. MACLEOD,

Bookseller and Publisher, 183 Blackness Road.

---

1918.

## CLAR-INNSIDH.

---

	Taobh Duilleig
A Message from Ian MacPherson, Esq., M.P., Parliamentary Under-Secretary of State for War, . . . . .	3
Roimh-radh, . . . . .	5
“Chi sinn thall thu,” . . . . .	7
Mar chailleadh an “Rìgh Athelstane,” . . . . .	9
Murchadh Dubh 's an ceard, . . . . .	12
Finrain uasal an t-sleibh, . . . . .	15
Rabhaidhean, . . . . .	17





# A MESSAGE

FROM

IAN MACPHERSON, Esq., M.P.,

*Parliamentary Under-Secretary of State for War.*

WAR OFFICE,  
WHITEHALL, S.W.

I have noted with much pleasure the series of booklets in our native language which you are issuing. No one is more able than you are to select the papers written in Gaelic which are likely to be appreciated most by our fellow-Highlanders. This collection of papers is a proof of this. They have now more than an intrinsic value. They have been written by one whose life, soul, hopes, and affections were in the Highlands; who went forth to battle in the springtide of life with his comrades: who fell, as a Highlander would, cheerfully, with his face to the deadly foe. Alas! his feet will tread the heather no more. But these words of his will go from cottage to cottage in the glen, and from countryman to countryman in the city, with their serious message that the conditions of life and of land in the Highlands will not remain as they were before he fell to make the world free.

In no part of the Empire has the sacrifice been greater or more willing than it has been in the North. The homes of rich and poor have given their most sacred gifts. Long hours of waiting and of sorrow have been the lot of those who have remained behind. In their grief and anxiety may theirs be the consolation, the pride, and the courage which come to comfort those who have given their best in the greatest of all causes.

IAN MACPHERSON.



## ROIMH-RADH.

---

**S** dheas duinne a tha aig an tigh gun bhi fulang 'nar com—ged is tric fo iomaguin sinn as leth ar dùthcha 's ar cinnidh anns a' chogadh mhór chasgrach so a tha nis air bhi os cionn trì bliadhna 'ga chur gun sùil idir fathast r'a dheireadh—a bhi cuimhneachail air a' mhacraidh a thug iad féin suas mar iobairt as ar leth-ne, agus a bhi gabhail gach cothroim a dh' éireas air an cliù a chumail air mhaireann.

Is iomadh iad a dh' fhàg Tir nam Beann 's nach till a choidheche; agus is duilich leinn sin. Ach nuair a thig fo ar n-aire am measg ainmean nam marbh 's nan leònte aon a bhuineas do ògan measail a b'aithne dhuinn fèin, leis am bu tlachdmhor a chinneadh 's a chànain 's a thir-dhùthchais, drùidhidh e oirnn le buaidh nach beag. B'ann de 'n chineal sin Iain Bàillidh Stiùbhard de mhuinntir Ulapuill. Choinnich e an t-eug air blàr a' chogaidh 'san Fhraing anns a' Chéitean am bliadhna so.

B'ann an aon de na réisimidean ainmeil sin 'gam bheil mar shuaicheantas "Cabar-féidh" a bha e; agus mhilleadh e le pléasgan uair a bha e a' toirt còmhnaidh do luchd-thochailt fo'n

talamh. Bha e 'na òigear ionmholta: fìor ionraic, macanta is deugh-bheusach, leis am bu mhiann cur r'a eòlas le ionnsachadh; agus bu ro-thoigh leis a' chànan Ghàidhlig. Is comharra air sin gu'm bu tric a chuir e gu "Paipear-naidheachd an t-sluaigh" sgeòil ghoirid a bha taitneach r'an leughadh.

Tha sinne 'gam meas airidh air an cruinneachadh an duilleachan agus an craobh-sgaoileadh air feadh luchd-labhairt na cànan bu bhlàithe leis an ùghdair. Bidh sin 'na chuimhneachan freagarrach air-san, agus 'na chulaidh-thlachd dhaibh-san leis an gnàth bhi cur spéis an Litreachas na Gàidhlig.

Tha athair is màthair an fhir nach maireann beò an Ulapoll; agus dà mhac eile aca 'san arm. 'S e ar guidhe gu'n till iad slàn.

7mh, Mios deireannach  
a' gheamhraidh 1917.

## “CHI SINN THALL THU.”



e “draft” mòr a bh’ann. Cha bhiodh e ceart, eadhon, ged a bhiodh e ceadaichte, innseadh ann an so cia meud a bh’ann; oir feumar a bhi daonnan faiceallach mu’m bithear a’ toirt naidheachd do’n nàmhaid. Ach faodar a ràdh gur e “draft” cho mòr ’s a dh’fhalbh o chionn fhada. Agus is grinn an sealladh a rinn na balaich air an tarruing suas air an rathad mhòr ’nan dà shreath, a l.-uile fear le ’fheileadh ’s le ’bhoineid chruinn, ghlais.

Tha m.-se agus móran eile de ’n bheachd gu’m bheil an duine a thug am mach na boineidean ud an toiseach do na saighdearan Albannach, airidh air an “D.S.O.,” no coinharraadh ionmholta eile mar dhiol a sheirbheis. Tha iad eireachdail agus socrach; agus cha ’n ann tric a gheibhear an dà bheus so a’ dol an làmh an chéile. Agus, os bàrr air so, tha fic choslas Gaidhealach orra, leis a’ bhadan bheag, chruinn an teis-meadhon a’ mhullaich.

Bha an reiseamaid air fad an sud an oidheche a dh’fhalbh na balaich; oir cha robh gin againn aig nach robh càirdean ’nam measg. Bha iad cho cridheil ’s ged a b’ann aig fòrlach a bhiodh iad a’ dol. Cha robh coslas dubhachais ’sam bith ’nam measg, is e’uime a bhiodh? Thòisich buidheann dhiubh, mar a bha iad a’ gluasad air falbh, air cantuinn an t-sean òrain (agus fear na bu fhreagaraiche cha b’ urrainn fhaotainn).

“C’ar son a bhiodh sinn muladach?

C’ar son a bhiodh sinn brònach?

Car son a bhiodh sinn muladach?

Is gu ’m falbh sinn uile còmhla?”

Nach fhaodar a bhi coma c’ àit am bithear fhad ’s a bhios sinn “uile còmhla.” Ach is

tric 's is minic a chunna mi a bhi sgaradh gillean a thogadh cuideachd, agus a bha cuideachd greis an déidh dhoibh gabhail 'san arm. C'uime? A chionn gu'n robh ainm an soir a' taiseachadh le M agus ainm an fhir eile le S. Air an aobhar chudthromach so cha b' urrainn dhoibh le chéile cadal 's an aon àite còmhuidh!

Ach cha 'n e a bhi toirt breith air an arm a bha 'nam bheachd nuair a thòisich mi; ach sgeulachd ghoirid a dheanamh air an oidhche a dh'fhalbh mòran de bhalaich an Taoibh Tuath do 'n Fhraing. Bha iad á Gallaibh, á Cataibh, 's á Siorramachd Rois. Cha robh mòran ùine air a chaitheadh a' gabhail beannachd le eòlaich. Chluinnteadh an Catach ag radh ri Eóghan Dòmhnallach á Geàrrloch; "Slan leat, Eóghain. Chi sinn thall thu!" Agus an Gallach, aig nach eil mòran Gáidhlig: "Ta, ta, Mac; see ye ower bye!"

B'aithne dhomh aon fhleasgach tapaidh á taobh an iar Shiorramachd Rois, agus b'e an aon chùis ghearain a bh' aige nach robh an gille eile, cuide ris an robh e o thùs, air a leigeil air falbh anns an "draft" ud. Cha 'n eil e ach óg, is tha aige fhathast ri fhiosrachadh gu'm feum iomadh dealachadh tachairt anns a' breatha-sa. Cha robh Dòmhnall air a dhòigh na bu mhó; ach bheothaich e nuair a thubhairt am fear eile, 's e crathadh a làimh. "Chi sinn thall thu."

Chaidh a rèisd an cunntadh agus rinn iad ceithir sreathan air an rathad mhór. Thog na piobairean am fonn "Gabhaidh sinn an rathad mór, olc air mhath le cách e," agus ghluais an "draft" air falbh. 'S ann an sud a bha an éigheachd agus a' ghleadhraich, a' gabhail cead leis na seòid. Nuair a bha iad as an t-sealladh, thionndaidh mi fhéin is Dòmhnall air falbh. Cha d' thubhairt sinn a bheag, ach tha mi làn chinnteach gur iad na h-aona bhriathran a bha tighinn ri aghaidh inntinn, 's a bha tighinn chugam féin gun e gur—"Chi sinn thall thu."

## MAR CHAILLEADH AN "RIGH ATHELSTANE."

b

HA mi a' tilleadh o mo thurus bliadhnaid do'n Ghaidhealtachd air m' ais gu smùid agus gleadhraich a' bhaile mhòir. Cha b'ann le mo làn thoil a bha mi 'ga dheanamh; oir cha do chaill mi sealladh fhathast air beanntaibh àrda Shiorramachd

Rois, mar a bha iad a' fàs ciar anns an astar, gun a bhi faireachadh car tùrsach, trom. Air an latha so, ma tà bha cuideachd agam a' dol gu deas ris nach robh idir sùil agam nuair a dh'fhàg mi tràth 'sa mhaduinn. Faodaidh mi a ràdh gur e so an t-àm aig an robh na Gearmailtich aig àirde cogadh iochdrach na mara: 's e sin ri 'ràdh, a' cur fodha bhàtaichean is shoithichean leis na culaidhean mìorbhuileach sin 'gan urrainn imeachd fo 'n uisge. Tha'n sgeulachd so fìor, is cha'n eil mi a' dol aon lide o'n fhirinn fad an t-siubhail.

Nuair a rainig mi an còmhnard aig an robh an t-each iaruin 'na sheasamh a' sitriche 's a' sèideil air thì a bhi dol, chunna mi gu'n robh na carbadan air fad làn sluaigh. Thug mi ceum cabhagach air m'ais 's air m'aghaidh dh'fheuchainn am faicinn àite falamh 'sam bith. Gu sealbhach fhuair mi a stigh ann an carbad far an robh cóignear iasgairean a bha a' dol gu deas mar an ceudna. Bha fear diubh 'na shineadh air an t-suidheachan 'na chadal, agus càch a' còmhradh eatorra fhéin. Cha b'fhada gus an do thuig mi an suidheachadh anns an robh iad, agus air dhomh feòrach am biodh iad cho math agus innseadh dhomh ciamar a fhuair iad an sud, thòisich an sgiobair air an eachdraidh a leanas:—

"Air feasgar Dior-daoin-sa chaidh bha sinn mu cheud mìle tuath air oir-thir tuath na h-Albann. B'e ainm a' bhàt' air an robh sinn an 'Rìgh Athelstane.' Bha sinn trom le iasg, oir bha na tràilleachan làn nuair a thog sinn

'sa mhaduinn iad; agus bha na siùil againn an déidh an cur suas, is sinn a' dol a dheanamh air a' cheud phòrt anns am faigheadh sinn reic air an iasg. Tha mi dhe'n bharail gu'n robh mu luach dà cheud not de iasg againn aig a' phris aig an robhar 'ga chreic aig an àm. 'S gann, ma tà, a ghabh mi greim air a' chuibhle nuair a chuala sinn fuaim urchair, agus bha plub agus fras cop anns an uisge air an taobh leis dhinn. Sheall sinn mu'n cuairt, is dé shaoileas tu a chunnaic sinn. Chunnaic culaidh-fo-thuinn an déidh a thighinn an uachdar mu thuaiream fichead fad-ràmh bàta-mòr air deireadh oirnn. Bhiodh mu shé pearsa deug air bòrd oirre (bha iad uile 'nan seasamh air bòrd) agus bha fear diubh a' cumail suas a' bhrataich Ghearmailtich.

“Cuiribh 'bhàn an ailm, is sìos iad na siùil!’ dh'éigh an ceannard Gearmailteach troimh'n trombaid. Thug sinn a bhàn na siùil; oir na'n robh sinn air dail a dheanamh is dòcha gu'n robh e air na cur chun a' ghruinnid air a' bhad. B'e an ath òrdugh a fhuair sinn am bata beag a chur am mach agus a thighinn air bòrd a' Ghearmailtich. Rinn sinn so, is ann am beagan mhionaidean bha sinn 'nar seasamh air bòrd a' chulaidh-fo-thuinn. A nise, cha robh ùine air a thoirt dhuinn nì de na bhuineadh dhuinn a thoirt leinn, agus air an aobhar sin cha robh sinn ach glé lom, falamh, 'nar seasamh an sin. Bha dithis dhinn gun pheiteig, agus bha mise as eugmhais mo bhoincid.

“Chuir an sin ceannard nan spùinneadair-mara buidheann de dhaoine air ais anns a' bhata bheag, a' giùlan leo peileir bhloighdich, a chum an long a chur gus a' ghruinnid.

“Thòisich e a réisde air còmhradh rinn. Ars esan. ‘'S e th'ann an so àm cogaidh, agus feumair na nithean tha 'n so a' dheanamh. Mu dhà uair a thìde mu'n do thachair mi ribhse chuir mi sìos “Rionnag na Sith” á Obar-cathain.’ Thug e an sin an aire gu'n robh mi ceann-ruisgte. ‘Gheibh thu an cnatan’ ars esan. ‘C'ait am bheil do churraic?’ ‘Tha air bòrd na luinge,’ arsa mise. Sheas an Gearmailteach a dh'aon taobh agus thòisich e air



deanamh chomharraidhean le 'lamhan riù-san a bha air bòrd an t-soithich againn: agus nuair a thàinig iad air an ais bha mo bhoineid aca. Thug sinn an aire gun d'thug iad leo mar an ceudna a chum am feum fhein, bolla mine agus stiall mhòr éisg.

"An ceann beagan ùine chuala sinn fuaim a' pheileir bhloighdich a dh'fhàg iad 'san uisge, gus fa-dheòidh an deach ar bàta as an t-sealladh buileach. Bha sinn aig an àm so a' smuaineachadh ciod e uircad de luach dà cheud not de luchd a bh'innte a bha gach neach againn a' dol a dh'fhaighinn!

"Chaidh a réisd ar cur anns a' bhata bheag —bhiodh i mu ochd-troighean-deug a dh'fhad— a h-aon-deug dhinn (tha càch anns an ath charbad) agus shiubhail a' chulaidh-fo-thuinn as an t-sealladh.

"Gu fàbharach bha combai-t againn air bòrd, agus chuir sinn feum oirre, oir bha sinn ceud mìle o thìr. Chum sinn sròn a' bhàta gu deas, agus luigh sinn air iomaireadh. B'e sin an oidhche fhada, sgith! Aon rud a bha leinn, 's e gu'n robh an t-socair ann. Na'n robh an fhaige air a bhì trom tha mi làn-chinnteach nach robh sinne 'n so an dràsda. Bha sinn ag iomaireadh ochd-uairean-deug a thìde mu'm faca sinn sealladh de luìng. Chuir sinn suas pilleag aodaich air bàrr ràimh, agus dh'fhuirich sinn gus an d'thainig i am fagus. Thug i air bòrd sinn; fhuair sinn biadh agus chaidil sinn; agus an ath latha dh'fhàg i aig Steòrnabhagh sinn. As an sin fhuair sinn am bata seachdaineil gus a' Chaol. O'n sin ghabh sinn carbad na smùide, agus tha sinn an dràsda 'n so, air an' t-slighe dhachaidh a dh'ionnsuidh Grimsby."

Cha b'urrainn domh gun comh-fhaireachadh a bhì agam ris na daoine bochda falamh a bha 'n so. Chaidh an spùilleadh de'n aon rian teachd-an-tìr a bha aca, agus cha robh fhios aca nise co ris a thionndaidheadh iad.

'S e rudan mar so a bheir gu inntinn an t-sluaigh gu geur an suidheachadh anns am bheil an rioghachd, agus firinn an fhacail gu'n dean an cogadh deifir do gach aon againn beag is mòr.



## MURCHADH DUBH 'S AN CEARD.

**T**HA gach aon againn, ann an tomhas, eòlach air luchd nan camp, no air na ceardaidhean, mar is cumanta tha iad air an ainmeachadh. Gu h-àraidh gu'm bheil sinn eòlach air a' bhuidhinn dhiubh aig am bheil e mar chleachdadh a bhi 'dol bho thigh gu tigh ag reic soithichean-giùlan-uisge agus goireasan beaga eile a chuir iad fein ri chéile; a' tional sean aodaich chionn a' reio a ris, agus a' feòraich de bhean-an-tighe "am bheil ni 'sam bith agad ri chàradh"— eadhon bho'n sgàilean-uisge gus a' mheadar-bhainne.

Nach iomadh nair a bha còmhraidh ghasda againn ri fear de na siubhlaichean an-fboiseil so—oir cha'n eil e idir 'nan nadur fantuinn ùine fhada 'sam bith ann an aon bhaile. Seadh, agus feumar a ràdh gu'm bheil còmhradh cuid dhiubh fìor thaitneach, agus ciallach.

Tha lagh na rioghhached a nise tighinn na's teinne agus na's cruaidhe mu'n cuairt do luchd nan camp agus cha'n eil iad idir a nise cho pailt agus a bha iad bho chionn fichead bliadhna.

Tha 'n ràdh fìor gu'm bheil math is dona anns gach àite. Uime sin bha cuid de chiùird-shiubhail nan seann laithean na's miosa na càch, agus bhiodh eadach cur as an leth gu'n robh cuid dhiubh glé bhradach a thaobh a bhi goid na mòna anns na bailtean anns an campaicheadh iad. Cha bhiodh so idir a' taitinn ris na croiteirean g'am buineadh a mhòine, agus tha 'n sgeul a leanas air a h-aithris mu'n ghnothuch.

Bho chionn gràinne bhliadhnachan bha dèine òg ann am baile beag mu thuath a bha ro dhìchiollach a thaobh obair agus cumail suas na croit. B'e 'n t-ainm a gheibheadh e anns a' bhaile "Murchadh Dubh," ged is e Mac Coinnich a bu shloinneadh dha. B' àbhaist dha fhèin agus dha 'bhrathair Eóghan

a bhi deas de obair an Earraich fada roimh na nàbaidhean, is bhiodh a' mhòine air a cruachadh aca nu'm biodh i air a togail aig càch.

Aon samhradh, ma ta, goirid an déidh do Mhurchadh a' mhòine fhaighinn air a cruachadh, thachair do theaghlach chèardaidhean a thighinn a champachadh dlùth do 'n bhaile. Cha robh iad ach beagan làithean an sin nuair a mhothaich Murchadh gu'n robh té de na cruachan mòine aige a' fàs beag, agus cha robh fada gus an d' fhuair e 'mach gur e 'n cèard a bha 'ga losgadh. "Cha dean so an gnothuch," arsa Murchadh ri Eóghan; "chuir mise 's tusa 'mach cus falluis a' buain agus a' cruachadh na cuid mòna gu leigeil le Padruig Mòr (b'e so a theirteadh ris a' chèard) a losgadh. Bheir mis' air a dh'aithghearr gu'm faigh e 'n còrr tein' aisde na tha 'dhith air."

Leis an so thug Murchadh am baile mòr air, is air a ruighinn ghabh e suas gu ruig bùth na ceannaiche. "Thoir dhomh" ars esan, "leth-phunnd de dh'fhùdair-reubaidh, an aon seòrsa a thug thu do 'n chlachair bho chionn seachduin a chum clachan-oisinn a chosnadh as a Chreig Mhòir." Fhuair e so is phill e dhachaidh. Ghabh e an sin a sgian-mhòine agus ghearr e fòid briagha bog as a' bhac agus ghiùlain e dhachaidh e. Rinn e suas na dh'fhoghnadh de 'n fhùdair ann am paipear ruadh agus chuir e an teis-meadhon na fòid e, 'ga càradh suas a ris a chum 's nach aithnichteadh o fhòid mòine eil' e. Leig e leis tiormachadh air feadh beagan làithean ris a' ghrian, agus nuair a bha e cruaidh thug e suas chun a bhac mhòine e agus chàir se am measg nam fòd eil' e, an ceann na cruaidh, dìreach anns an àite anns am biodh Pàdrùig Mòr a togail a phoca mhòine.

Thill Murchadh air ais dhachaidh ann an deagh ghean. Ars esan ri Eóghan; "Mur a cuir sin stad air cha ghoirear Murchadh Dubh dhiom-sa."

Am plomanaich na h-oidhche thog Murchadh agus Eóghan orra gu mullach a bhealaich a bha dlùth air a' bhàr mhòine agus air camp Phàdrùig Mhòir. Luigh iad sìos anns an fhraoch far an robh beachd ac' air

a' champ agus air na bha dol air aghaidh innte. Cha robh iad fada 'n sin nuair a chunnaic iad Pàdruig a' falbh ann an rathad na mòna le poc' aige fo achlais.

Chunnaic iad a ris e tighinn air ais le luchd mòna air a dhruim. Bha teine air an ùrlar agus poit mhòr a' goil os a chionn agus mu'n cuairt do 'n teine bha Pàdruig agus a dhithis mhac 'nan suidhe.

"So," ars a' bhean, nuair a phill Pàdruig leis a' phoca làn, "tilg fòid no dhà air an teine; tha e a' dol sìos." Chàir Pàdruig trì fòid as a' phoc air an teine, agus shuidh e sìos air bad cònnlaich am measg chàich. Las e a phiob agus thòisich e air còmhradh ri aon de chuid mhac. Ach 's gann a fhuair e a phiob a' dol nuair a rug an teine air an fhùdair a bha anns an fhòid. 'S ann a rèisde 'chaidh an ceòl air feadh na fìdhle da-rìreadh. Bha fuaim ann coltach ri dairireach ghunnachan mòra; dhòirt na bha 'sa phoit, agus chaidh i fhéin 'na ceud bìdeag; sgap éibhlean an teine anns gach rathad gu ruig fichead slat air falbh; agus thug Pàdruig agus a theaghlach as d'am buinn ag iollachail agus ag éigheachd: "Mort! mort! Tha 'n Diabhol an so!"

Dh' éirich Murchadh aig briseadh na faire, ach, ged a bha a champ 'na seasamh ann an sud cha robh sealladh air Pàdruig Mòr no air gin a bhuineadh dha. Tha e coltach gu'n robh eagal orra tighinn dlùth a ris do'n champ eadhon a thional na bhuineadh dhoibh.

Ann am baile beag troimh 'n robh Pàdruig 's a theaghlach a' coiseachd lath no dhà an déidh sud, so an eachdraidh a thug iad air na thachair: "Bha sinn 'nar suidhe mu'n cuairt do 'n teine gu samhach foisneachail nuair thàinig an Donas le fuaim oillteil 'nar measg. Chuir e a chas troimh 'n teine, bhris e a' phoit bhuntàta, is theab e ar dalladh le luath 's le smùrach."

Bho 'n latha sin cha 'n fhacas sealladh air Pàdruig Mòr anns a' bhaile, agus cha deach an còrr dragh a chur air Murchadh Dubh a thaobh goid a chuid mòna.

## FIURAIN UASAL AN T-SLEIBH.



NA làithean a th'ann cha tog neach paipear gun sreang fada de ainmeannan fhaicinn—ainmeannan nan gillean gasda a thuit agus a chaidh a leòn air blàir fhuilteach na Frainge. Tha e cràiteach a bhi sealltainn air dealbhannan ghillean òga a chaidh a mharbhadh anns a' chath—mòran diubh nach urrainn a bhi fada seachad air fichead bliadhna dh'aois.

An là roimhe, nuair a thog mi 'm paipear seachdaineil, a' cheud dealbh air an do luigh mo shùil b'i dealbh gill' òg air an robh mi eòlach, agus a bha 'san sgoil cuide rium. Thuit esan far an do thuit na h-uiread de ghillean calma Gaidhealach nach till chugainn gu bràth tuillidh—aig Neuve Chapelle, ainm a bhios air a chuimhneachadh le bròn ann an iomadh tigh teaghlaich agus banntaich. Bha an aon fhianh ghàire air 'san dealbh 's a b'abhais a bhi air nuair a bhiodh sinn uile a' cluich gu neo-chùramach mu'n cuairt an déidh do'n sgoil sgaoileadh. Agus as an so tha mi làn-chinnteach, gu'm bheil an aon fhiamh-ghàire fathast air far am bheil e 'na luighe 'na leabaidh chaoil 'san Fhraing ann an glac fuar a' bhàis.

Mar a thubhairt mi, mo chàirdean, tha e cràiteach a bhi smaointinn gu'm bheil na h-uiread de fhuil mhaith air a dòrtadh gach là—na h-aibhnichean, eadhon, a' ruith ruadh le fuil nan àrmunn—ach air an làimh eile, tha e ann an tomhas mòr sòlasach dhuinn fios a bhi againn air ceartas na cuis, agus air an dòigh chiataich agus neo-sgàthaich anns an deach na Gaidheil chruaidh, nach do thionndaidh cùl ri nàmhaid fathast, an coinneamh a' bhàis.

Togamaid, ma tà, ar culaidh - chinn ann an fìor urram do fhiùrain uasal nan iomadach buaidh, a chaidh a ghearradh sìos ann an toiseach an là, mu'n gann a fhuair iad freumh.

Bhiodh e iomchuidh ann an so a ràdh gu'm bheil sinn uile an dòchas gu'm fosgail na nithean sin a tha tachairt sùilean luchd riaghlaidh na tìre gus na h-euceartan a tha r'an leasachadh ann an Gaidhealtachd na h-Albann. An ainm Ni-Maith na biodh e air a ràdh an déidh a' chogaidh so gu'm feumadh an Gaidheal teicheadh a dh'ionnsuidh nam bailtean mòra agus gu tìrean céine a shìreadh a lòn lathail; oir an talamh a bu leis le còir, agus a bu chòir a chumail suas gu comhfhurtail, bha e air a leigeil leis na h-uachdrain mar fhrithhean seilg do Ghoill agus do Shasunnaich.



**A leughadair Ghaidhealaich leis an  
tlachdmhor do chanain 's a ceol,  
thoir an deagh-aire dha so :**

Is obair gun tairbhe a bhi deanamh spairn a chum a' Ghaidhlig a chumail beò 'na slàinte, gun nithean nodha a dheanamh 's a chuideachadh. So agad cothrom ùr air sin a dheacamh, agus glac e air a' bhad.

Is e mo rùn a bhi cur am mach, an ceann ùine gun a bhi fada, leabhraim anns am bi Dealbh-chluich-ciùil Cloinne. Is obair i so, o laimh aoin de ar cinneadh féin, nach deach a leithid riamh a dheanamh an Gàidhlig; oir cha'n e a mhain gu'm bheil briathran nodha ann, ach tha ceòl nodha ann mar an ceudna. Air a' cheann sin bu chòir do gach Gaidheal leis am math a chinneadh a bhi buan agus soirbheachail an eòlas, an ealain 's an gnothuichean a bhuineas d'an leas mar shluagh air leth, fàilte chridheil a chur roimh an leabhran so, a theid a reic, creid mise, air a' phrìs is lugha a ghabhas cur air gun chall do 'n reiceadair.

Air theistean fir-chiùil d'an aithne ceòl Gaidhealach, agus gu h-àraidh ceòl freagarrach do chloinn òig, tha an obair so—a thaobh ciùil, co-dhiùbh—cho math ri nithean da seorsa a bhios 'gan deanamh 'sa Bheurla Shasunnaich air an latha-'n-diugh. Chaidh a luach a dhearbhadh cheana le i bhi air a h-aithris an cèarn iomallach de'n dùthaich le cloinn-sgoile, ris an do thaitinn i gu sàr-mhaith, mu choinnimh luchd-éisdeachd fìor Ghaidhealach a ghabh ris gu tlachdmhor.

Is samhladh-sgeul—no mar theirear 'sa chanain choimhich e, "allegory"—a tha 'san dealbh-chluich so. Tha e an dà chuid, agus gach aon diùbh 'na chluich coimhionta ann féin. Tha a' cheud chuid a' samhlachadh mosgladh na Gàidhlig fo riochd bànrighinn a bha fad aimsir fo gheasan aig a luchd-

mìoruin an uaimh nach gabhadh fosgladh roimh choimhcionadh na h-aimsir. Bha am fosgladh sin ri bhi air a dheanamh le troichean a thigeadh air là àraidh a chur an rud a bha 'san dàn an gnìomh. Tha aon òran deug le am fuinn anns a' chuid so. Anns an dara cuid tha luchd na mì-mhisnich agus luchd an droch theagaisg air an cur as daibh, agus bann air a nasgadh eadar bànrighinn na ceud codach agus té eile a thig gu ionad a' chluiche. Is e a tha air a shamhlachadh leis na bànrighnean: Gàidhlig na h-Albann agus Gaedhilge na h-Eireann. Agus is e a tha am bann a' ciallachadh gu'm feumar teagasg ceart a thoirt as an dà chànan ma's math leinn iad a bhi dol am feabhas gu innhe a bhios seasmhach agus socrach, agus as eugmhais còmhnaidh bho chànan choimhich air bith. Tha dà òran-deug agus am fuinn anns an dara cuid.

Tha iorram, òrain-luadhaidh, cumh-achan, coronaich is crònan, puirt-siubhail is port-á-beul, am measg ghnath-òran eile r' am faotainn anns an dealbh-chluich.

**Ceannaich e ; teagaisg e ; aithris e.** Bheir mise dhuit e air  $4\frac{1}{2}$  sgill. gach cuid; no air 9 sgill. gach leabhran a tha filleadh a stigh an dà chuid. Leig fios chugamsa gu'm bheil e bhuat, agus cuirear chugadsa e nuair a bhios e réidh.

### AN T-EILEAN GARBH.

Dealbh-chluich-ciuil Cloinne.

LE

Calum MacPharlain.

Cuid a h-aon—Mosgladh Rìghbheanaig.—pris  $4\frac{1}{2}$  sgill.

Cuid a dha—Teachd Speirbheanaig.—pris  $4\frac{1}{2}$  sgill.

An t-iomlan.—pris 9 sgill.

### CALUM SIOSAL MAC LEÒID.

Leabhar-reiceadair, Dùn-dé.

























X

